- Tha na Gàidheil air a bhith glè chomasach a thaobh eagrachaidh nan coimhearsnachd fhèin, ach cha deach leotha cho math ann an compairt oidhirpean anns an fharsaingeachd. Tha cothrom aig buidhnean suidhichte air giùlan sòisealta eagrachadh ann am modh nas fharsainge na tha comasach do bhuidhnean anns a' choimhearsnachd. Tha bhuil air na linntean sin a chum cultar na Gàidhlig gu cothromach amach a stèidhichean, agus se sin sgapadh is mì-chinnt is cion misneachd is spioraid.[5]

- Chionns nach eil freumhachas no ceannardachd ri làimh, bidh buidhnean riaghaltais daonnan ri mearachd ann an àrainneachd chaochlaideach na Gàidhlig, nuair a thòisicheas iad ri cultur a dhealbhadh anns a'choimhearsnachd seo. Chionns nach eil òrdugh aig an riaghaltas a thaobh na Gàidhlig, cha soirbhich le'n cuid oidhirpean dad nas fhearr na le oidhirpean na nàbachd ionadail ann a bhith solar leasachaidh anns an fharsaingeachd; chan fhada gus an tig seo gu cion misneachd is spionnaidh agus bidh dòchas a' sìor ìsleachadh.[6]

Iomairt Choimhearsnachd

Mu thimchioll 1930, tha e coltach gun robh pàrantan anns na sgìrean bu Ghàidhealaiche an Albainn Nuaidh a' call am misneachd a thaobh cànain is cultair agus gun robh iad gu dealasach a' toirmeasg ionnsachadh na Gàidhlig dhan cuid cloinne. Bho'n uair sin, cha robh mòran ag ionnsachadh na Gàidhlig gu nàdarra bho ghlùn gu glùn. Bho'n am sin, tha cultar a'dol bàs an cois na cànain anns gach coimhearsnachd Ghàidhlig.[7]

Tha taic ri fhaighinn an taobh amuigh dhan choimhearsnachd Ghàidhlig ann an Albainn Nuaidh a thaobh glèidheadh cànain mar mheadhain cudromach air glèidheadh cultair. [8]

Tha polasaidh chultaral Albainn Nuaidh a' gabhail ris gu bheil "cànan fìor chudromach ann an riochdachadh cultair" agus gu bheil " iomadachd chultaral Albainn Nuaidh gar neartachadh agus glè riatanach nar fèin-dhearbhadh." [9]

Tha aithisg UNESCO, "Cànan, Beòthalachd is Cunnart" ag ràdh: "Tha iomadachd chànain cudromach ann an dualchas chlann-daoine. Tha gach cànan a' glèidheadh eòlas chultural gach cinneadh. Tha call cànain mar sin 'na chall do'n chinne-daoin' air fad."[10]

Ged a tha a' Ghàidhlig agus a cultar air a bhith dol bhuaithe fad iomadh deachad, tha ùidh is uaill aig daoine fhathast annta. Canaidh iomadh neach an Albainn Nuaidh Gàidheal, Gàidheal Albannach no Albannach an Albainn Nuaidh ris fhèin i.e. a' sloinneadh air cànain is air cinneadh. Tha seo a' neartachadh na h-argumaid chum cànan is cultar na Gàidhlig a ghlèidheadh is a leasachadh. A bharrachd air an sin, tha buadhan sònraichte an luib cànain is cultair na Gàidhlig an seo a tha glè eadar-dhealaichte bho'n cuid chàirdean an Albainn 'san là'n diugh.

Seo na prìomh nithean a tha brìoghmhor ann an cultar na Gàidhlig an Albainn Nuaidh:

1. Seo an t-aona cearn far an do mhair a' Ghàidhlig agus a cultar ann an Canada.
2. Ceòl is dannsa a tha taitneach is so-ruigsinn.
3. Cultar fialaidh, furanach.
4. Com-pàirt bheothail ann an cùisean cultaral anns a' choimhearsnachd.
5. Iomadh taisbeanadh air ealain cultaral na Gàidhlig air feadh àiteachan far am b'àbhaist
   Gàidhlig a bhith air a cleachdadh.
6. Tàbhachd mhath dhan eaconomaidh.[11]

7. Comas air deagh ghean a mhealtainn bho thaobh amuigh na coimhearsnachd Ghàidhlig, chum iomairtean Gàidhlig a chuideachadh.[12]

Far am b'àbhaist ionmhas a bhith gann, tha nis deagh chothrom ann airson meudachadh eaconomach ma thig cùisean air adhart a thaobh na Gàidhlig. Mura tachair sian, ged tha, bidh an eaconomaidh a' sìor dhol air ais mar a bhios cultar na Gàidhlig a' dol bhuaithe.

Feumar tòiseachadh air cultar na Gàidhlig a leasachadh anns a'choimhearsnachd. 'S ann aig na Gàidheil agus aig an càirdean a tha fìor-eòlas agus sealbh air a' chuspair agus 's iad bu chòir a bhith air ceann na h-iomairt seo. Feumar cuideachd com-pàirt bho'n riaghaltas le tasgadh cùramach ann an programan coimhearsnachd. Seo an seòl anns a bheil rannsachadh a' cur aonta[13] agus a' bheachd a tha cumanta ann an leasachadh eaconomach anns a' choimhearsnachd. Seo an dearbh rùn a th'aig gach coimhearsnachd Ghàidhlig ann an Albainn Nuaidh.

Aig na coinneamhan ionadail, bha a' mhòr chuid ag aontachadh gum bu chòir ath-bheothachadh na Gàidhlig a bhith fo làimh na coimhearsnachd Ghàidhlig fhein. Tha seo a' ciallachadh gun teid gach co-dhùnadh, plana, program, eachgrachadh is lìonradh a dheilbh anns a'choimhearsnachd.[14]

Aig a' chiad ìre, feumar iomairtean a chur air bhonn a bheir comas tuigsinn do mhuinntir na coimhearsnachd gur iad fhèin prìomh cheannardan air daingneachadh na Gàidhlig ann an Albainn Nuaidh. Bidh feum air taic a thoirt do bhuidhnean a tha stèidhichte mar tha 'sa mhòr-roinn (Comhairle na Gàidhlig agus buidhnean fòghlaim) agus air buidhnean ùra chur air bhonn (mar eiseamplair, feum air fèisean ionadail air feadh an àite.)[15]

Iomairtean Ùra

Thug an t-saothair seo suas ri tri bliadhna. Ach, thòisich an obair co dhiubh cho fad air ais ri 1987. Seo gearr eachdraidh nan tachartasan mu dheireadh:[16]

- 1987-Chaidh *Còmhdhail Eadarnàiseanta air Cànan is Cultar na Gàidhlig* a chumail aig Colaisd-Oilthigh Cheap Breatainn agus chaidh moladh a dheanamh air ionnsaidhean anns a' choimhearsnachd chum Gàidhlig ath-bheothachadh.

- 1989-Chaidh an darna còmhdhail, *Iomairtean Coimhearsnachd airson Gàidhlig agus Cultar a leasachadh; Roghainnean ann an deachad 1990* a chumail ann an Sidni. Chaidh a cho-dhùnadh a rithist gum b'èiginn saothair a dheanamh ann an cabhaig chum cànan is cultur na Gàidhlig a chumail beò mar stòras shòisealta is eaconomach dhan mhòr-roinn .

- 1997-*Gàidhlig ann an Albainn Nuaidh: Cothroman*, aithisg a chaidh a dheasachadh le buidheann stiùiridh bho Chomhairle na Gàidhlig, Alba Nuadh agus a chaidh a dh'ionnsaidh Ministear an Fhòghlaim. Thugadh gearr-chunntas air staid na Gàidhlig, mar a tha i beantainn ri dearbh-aithne na roinne agus mar a dh'fhaodadh i bhith 'na meadhoin a ghabhadh glèidheadh is ùrachadh airson leasachadh eaconomach air feadh Albainn Nuaidh.

- 1999-Chuir riochdairean a Roinn Turasachd is Cultair Albainn Nuaidh air chois coinneamh aig a' Chlachan Ghàidhealach an Sanndraidh; bha an conaltradh a' rannsachadh mar a chuireadh a' mhòr-roinn polasaidh ri cheile a bhiodh a' dìon agus a' leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig. Thainig na bha làthair as gach cearn far a bheil daoine an sàs ann an cultar na Gàidhlig, eadar sgoilearachd, coimhearsnachd agus eaconomaidh. Ri linn seo, chuir an riaghaltas amach tairgse choitchionn chum sgrùdadh air cànain is cultair a dheasachadh ann an Albainn Nuaidh. Chaidh an t-Ollamh Mìcheal Ceannadach fhasdadh airson an sgrùdaidh seo.

- 2002-Chaidh Buidheann Stiùiridh airson Leasachadh na Gàidhlig a chur air bhonn; 'nam measg bha muinntir coimhearsnachd a bha'n sàs ann am brosnachadh na Gàidhlig comhla ri luchd obrach a Roinnean Dualchais is Cultair agus Turasachd is Cultair an Albainn Nuaidh. Bha 'nam beachd polasaidh stiùiridh is plana a chur ri cheile a neartaicheadh a' Ghàidhlig an Albainn Nuaidh. (Faicibh paipear-taic A airson ainmean.)

- 2002-An t-Sultuin- Chaidh "*A' Leasachadh Polasaidh is Plana Gàidhlig an Albainn Nuaidh, Pàipear Beachd*" a chur air dòigh le buidheann stiùiridh airson Leasachadh na Gàidhlig agus a chur amach ann an Gàidhlig agus ann am Beurla le Roinn na Turasachd is a' Chultair. Bha am pàipear seo 'na bhunait conaltraidh aig coinneamhan coimhearsnachd san t-Samhain.(Gheibhear leth-bhreacan an asgaidh ann an Gàidhlig 's am Beurla air làrach-lìn a' Chlachain Ghàidhealaich: *http://highlandvillage.museum.gov.ns.ca)*

- 2002-An Dàmhair-Chaidh crìoch a chur air *Gàidhlig an Albainn Nuaidh, Buaidh-Raunsachadh Eaconomach, Cultural agus Sòisealta* le Mìcheal Ceannadach agus chaidh fhoillseachadh le Roinn na Turasachd is a' Chultair. Anns na 319 duilleag seo, gheibhear sùil iomlan air eachdraidh, stòrasan an ama, neart, laigse, cothroman agus cunnartan a tha mu choinneamh cultar na Gàidhlig an Albainn Nuaidh. (Gheibhear leth-bhreacan an asgaidh air làrach-lìn Ionadan Tasgaidh Albainn Nuaidh *http://museum.gov.ns.ca/pubs)*

- 2002-An Dàmhair-chaidh deich coinneamhan coimhearsnachd a chumail airson fiosrachadh a thrusadh mu thimchioll na cruth-phlana a rinn Buidheann Stiùiridh Leasachadh na Gàidhlig. Bha coinneamhan ann an Antaiginish, Halafags, Eilean na Nollaig, Sidni, Trenton, Bail Iain, Gleanndail, Bail Anna, Dun Bheagain agus Màbu. Thainig corr is 400 amach.

- 2002-An Dùbhlachd- Chuir Iain Uisdean MacIomhair ri cheile *Conaltradh Coimhearsnachd air Gàidhlig san àm ri teachd an Albainn Nuaidh, toradh nan coinneamhan coimhearsnachd san Dàmhair 2002*; dh'fhoillsich Roinn na Turasachd agus a' Chultair an aithisg seo. Bha co-cheangal laidir eadar barailean is beachdan na coimhearsnachd agus beachdan is prìomhachasain Buidheann Stiùiridh Leasachadh na Gàidhlig. Gheibhear leth-bhreacan an asgaidh air làrach-lìn a' Chlachain Ghàidhealaich: *http://highlandvillage.museum.gov.ns.ca*

- 2003-Am Màrt-Thug Buidheann Stiùiridh Leasachadh na Gàidhlig sùil air fiosrachadh bho na coinneamhan coimhearsnachd agus chomharraich iad amasan stiùiridh ro-innleachdail airson a' Ghàidhlig is a cultar a leasachadh.

Mar thoradh air na h-iomairtean sin, tha Buidheann Stiùiridh Leasachadh na Gàidhlig air plana fad-ama a chur ri cheile.

Plana Fad-ama

Be adhbhar-obrach Buidheann Stiùiridh Leasachadh na Gàidhlig plana fad-ama a dheilbh chum Gàidhlig a ghlèidheadh, a chumail suas agus a leasachadh an Albainn Nuaidh. Tha am plana seo a' gabhail asteach dùil, cunntas rùin agus amasan fad fhichead bliadhna.

Dùil

Tha a' Ghàidhlig, ar cànan 's ar dualchas, a' soirbheachadh ann an Albainn Nuaidh. Tha na nithean a tha sinn a' meas luachmhor air an glèidheadh anns gach coimhearsnachd a chionn 's gu bheil a' Ghàidhlig beò.

Se dùil fad fhichead bliadhna a tha seo a thaobh na Gàidhlig ann an Albainn Nuaidh. Tha seo mar chòmhdach air neart na cànain anns an roinn. Se dùil a th'ann a bheanas ri Gàidhlig an Albainn Nuaidh agus mar an ceudna ni feum dhan roinn air fad.

Chan eil an dùil seo ag àicheadh cànan sam bith eile anns na coimhearsnachdan Gàidhlig sin, dìreach mar nach àichear cànanan eile ann an sgìrean Frangach no Mi'kmaq. Se am prìomh-adhbhar, stad a chur air dian-chall cultair is cànain agus cultar fallain Gàidhlig ath-bheothachadh airson nan linntean ri teachd. Se tha 'san amas gun deanar cinnteach gum bi barrachd follais aig cultur na Gàidhlig gu lèir, agus eadhoin gum bi i air thoiseach ann an cuid de sgìrean.

Tha cultar 'san roinn seo a' toirt asteach ceòl, dannsa, beatha chreidmheach / spioradail, litreachas agus gach modh taisbeanaidh is beus ann an caidreabh nan Gàidheal.

Aithris Rùin

Àrainneachd a chur air bhonn an Albainn Nuaidh far an soirbhich a' Ghàidhlig agus a dualchas.

Tha an rùn seo 'na mheadhain a tha simplidh ach aig an aon àm gu math fillte chum na tha 'san dùil a thaobh cànan is cultur na Gàidhlig a thoirt gu buil.

Amasan

Chaidh naoi amasan àireamh. Tha gach aon a' cuideachadh le coilionadh na fìor-dhùil airson cànan is cultar na Gàidhlig ann an Albainn Nuaidh. Tha gach aon air leth 'na dhòigh 's 'na mhodh fhèin. Tha gach aon a' riochdachadh na dh'fheumar a dheanamh chum dùil na fichead bliadhna a choilionadh.

1. Àireamh na tha bruidhinn Gàidhlig a mheudachadh.
2. Glèidheadh, cumail suas agus leasachadh na Gàidhlig agus a cultar.
3. Gach taisbeanadh cultaral Gàidhlig a bhrosnachadh.
4. Coimhearsnachdan Gàidhlig a neartachadh.
5. Àrainneachd a chur suas far am faigh daoine bhith beò agus cosnadh fhaotainn anns a' Ghàidhlig.
6. Uaill is fèin-mhisneachd àrach anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig.
7. Sùim a' mhòr-shluaigh anns a' Ghàidhlig a mheudachadh.
8. Leasachadh na Gàidhlig 's a cultar a stèidheachadh anns a' choimhearsnachd, le cuideachadh bho riaghaltas ionadail, roinneil agus nàiseanta.
9. Inbhe thearainte reachdail a thoirt gu buil an Albainn Nuaidh dhan Ghàidhlig.

1. Àireamh na tha bruidhinn Gàidhlig a mheudachadh.

Se cànan bunait agus fèin-riochdachadh gach cultar.

Ann an 1890, chaidh bile thoirt asteach le Seanadhair Tomas Raibeart MacAonghais, a rugadh an Ceap Breatainn ach a bha 'na riochdaire airson Cholumbia Bhreatnach; ged nach do shoirbhich leis, se bha 'na bheachd Gàidhlig ainmeachadh mar an treas cànan oifigeil ann an Canada. Dh'ainmich e àireamhan a Cunntas 1881 a bha sealltainn gum b'e 1,657,266 uil-àireamh an t-sluaigh Albannaich agus Èireannaich, an coimeas ri 1,289,929 de Fhrangaich agus gun ach 881,301 de Shasunnaich. Ged nach robh e cumail amach gun robh Gàidhlig aig gach Albannach is Èireannach, na eadhoin aig a' mhòr chuid dhiubh, thagair e gun robh an àireamh a bha bruidhinn cànan an sìnnsir anns an dà bhuidhinn nàiseanta mòr gu leòr chum inbhe thearainte a chosnadh. [17]

An diugh, thathar a meas gu bheil nas lugha na 500 Gàidheal ann an Albainn Nuaidh agus mòran dhiubh sin 'nan seanairean anns a'choimhearsnachd. Ach, bho chionn 100 bliadhna, bha còrr is 50,000 aig an robh Gàidhlig mar dhual-chainnt. Ann an 1901, bha 75% gu 100% de Ghàidheil ann an cuid de dh'àiteachan air taobh an ear Albainn Nuaidh, gu h-àraid air feadh corr is leth

de Cheap Breatainn. [18]

Feumar àireamh muinntir na Gàidhlig a mheudachadh gun dàil, ma tha Gàidhlig a' dol a mhaireachdainn.

2. Glèidheadh, cumail suas agus leasachadh na Gàidhlig agus a cultar.

Tha cànan agus a modhanan cultaral eile 'nan nithean beò. Feumaidh iad cinntinn agus tighinn suas ri àrainneachd is amanan ùra. Rinn na Gàidheil iad fhèin suas ri Albainn Nuaidh, chinnich an cànan agus an dualchas agus tha iad mar sin sònraichte .

Thainig am mean-fhàs seo gu ìre mar thoradh air cultar a bha sìor-chinneadh feadh nan linntean. Tha e ro-chudthromach gun glèidhear na chaidh a thasgadh thuige seo agus na tha fhathast anns a' choimhearsnachd, ma tha Ghàidhlig a' dol a chumail air adhart. Feumar oidhirp dhian airson beul-aithris a bhrosnachadh agus eòlas a chlàradh bho gach seanachaidh mus teid seo a dhìth còmhla ris an àireamh dhiubh-san a tha sìor dhol sìos. Feumar cuideachd tasgaidhean cultaral a ghlèidheadh ma tha iad clàirte air meadhanan nach mair.

A bharrachd air na chaidh thairis, feumar cànan agus cultar a ghlèidheadh. Feumar beul- aithris an là'n diugh a chur gu feum airson eòlas agus cultar a sgaoileadh air feadh nan sgìrean Gàidhlig.

Feumaidh cànan agus modhanan cultural eile (ceòl, eachdraidh ionadail, sgeulachdan, dannsa etc.) an uair sin leantainn air fàs agus air cinntinn bho na bunaitean eachdraidheal sin, mar a bhios ar cuideachd agus ar beatha làitheil ag atharrachadh le ùine. Faodar an uair sin dualchas sean agus ùr a lìbhrigeadh seachad dhan àl ri teachd.

3. Gach taisbeanadh cultaral Gàidhlig a bhrosnachadh.

Ged is e Ghàidhlig a' bhunait, no 's dòcha an glaodh a th'anns a' chultar air fad, cha dean a' chànan a-mhàin an gnothach. Mar sin, feumaidh plana sam bith chum cànan is cultar na Gàidhlig a leasachadh, gach modh taisbeanaidh cultarail a ghabhail asteach—dannsa, ceòl, òrain, litreachas, aithris sgeulachdan, beatha chreidmheach/spioradail agus mar sin air adhart. Tha iad uile 'nam buill de'n dualchas a tha cinntinn an urra ri chèile.

4. Coimhearsnachdan Gàidhlig a neartachadh.

Cha ghabh cànan is cultar tearbadh bhon cuid choimhearsnachdan. Ni iad

fàs agus soirbheachadh ameasg dhaoine aig a bheil an aon eòlas, beusan is beachdan—i.e. a' choimhearsnachd. Ma theid sgìrean a neartachadh far a bheil na beusan seo glèidhte, thig àrainneachd gu buil a bhios taiceil chuim cànan is cultar a chaoimhneadh 's a leasachadh.

Feumaidh Gàidhlig a bhith anns na dachaidhean, chan e mhàin anns na sgoiltean. Feumar a cleachdadh. Feumaidh leòm a bhith air coimhearsnachdan Gàidhlig ann a bhith taisbeanadh an cuid cultair ris an taobh amuigh.

5. Àrainneachd a chur suas far am faigh daoine a bhith beò agus cosnadh fhaotainn anns a' Ghàidhlig.

Dh'fhalbh iomadh neach a Albainn Nuaidh a dh'ionnsaidh sgìrean eile an Canada a shireadh obrach. Mar a dh'fhàgas neach an dùthaich gu cosnadh anns a' bhaile mhòr, tha neart chultaral nan coimhearsnachdan Gàidhlig a' crìonadh agus feumar coimhearsnachdan ùra a chur air bhonn.

Aig an dachaidh agus air falbh, chan eil mòran Ghàidheal an diugh a' cleachdadh Gàidhlig oir rinn am parantan cinnteach gum biodh comas Beurl' aca chum's gun deanadh iad an gnothach agus gum faigheadh iad air adhart ann an coimhearsnachd na Beurla. Cha robh eòlas air Gàidhlig gu feum ann a bhith lorg obrach 'san àm sin agus 'sann ainneamh a ni e sin an diugh.

Mar sin, seo an dùil fad-ama, gun teid coimhearsnachdan a chur air bhonn air an dùthaich is anns na bailtean far am bi cothrom cosnaidh an luib na Gàidhlig; ni seo feum do dh'eaconomaidh na Gàidhlig agus cuiridh e an àirde luach na cànain fhèin.

6. Uaill is fèin-mhisneachd àrach anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig.

Ann an cuid de choimhearsnachdan, tha uaill aig daoine anns a' Ghàidhlig agus tha iad fhathast a' cur luach air a cultar. Ach, tha cuid rannsaichean is Ghàidheil an Albainn Nuaidh a' tuigsinn gu bheil luach na cànain a' dol bhuaithe mar a tha a' Ghàidhlig fhèin a' crìonadh. Nach eil na Gàidheil fhèin daonnan a' còmhradh ri chèile anns a' Bheurla.Tha aithisg an Ollaimh Cheannadach a' toirt cunntas iomlan air cìosnachadh na Gàidhlig ann an Albainn agus ann an Canada.[19] Tha cion inbhe ann an ionadan foirmeil mar foghlam, lagh, malairt agus na meadhanan a' cumail bunait structurail bho'n Ghàidhlig anns a' chomann-shòisealta.

An luib ciùil, tha beachd air a bhith cinntinn gu bheil 'Ceilteachd càilear.'

Feumar a' bheachd seo a sgaoileadh gu Gàidhlig agus gach meur de'n chultar. Tha uaill is fèin-mhisneachd fìor riatanach ann am brosnachadh agus leasachadh na Gàidhlig ann an Albainn Nuaidh. As aonais seo, cha bhi compairt dheatamach ann am programan eile.

7. Luach a' mhòr-shluaigh a mheudachadh a thaobh na Gàidhlig.

Nuair a bhios am mòr-shluagh a' cur luach air cultar na Gàidhlig, bidh seo a' brosnachadh leòm agus ùidh. Far am bi ùidh, bidh barrachd taic chum na Gàidhlig 's a cultar ath-bheothachaidh, barrachd com-pàirt ann an cùisean cultaral agus barrachd stòrais airson iomartan coimhearsnachd.

8. Leasachadh na Gàidhlig's a cultur a stèidheachadh anns a' choimhearsnachd, le cuideachadh bho riaghaltas ionadail, roinneil agus nàiseanta.

Feumar leasachadh cultural a stèidheachadh agus a stiùireadh an cridhe na coimhearsnachd. Sin am prìomh cho-dhùnadh gun tainig muinntir na coimhearsnachd a bha an sàs ann an obair leasachaidh ro-innleachdail: sin mar an ceudna beachd luchd-rannsachaidh a tha'n luib leasachadh cànain agus eaconomaidh anns a' choimhearsnachd.

Feumar seo a dheanamh ann an com-pàirt ris an riaghaltas. Tha feum aig sgìrean ionadail, chan e mhàin air taic eaconomach bho'n riaghaltas aig gach ìre, ach cuideachd air taic ann a bhith toirt ùghdarras agus creideas do chleachdadh na cànain. Mar an ceudna, tha feum air stèidheachadh sòisealta a chur air bhonn chum gabhail ris a' Ghàidhlig 's ri cultar anns an fharsaingeachd mar phàirt de dh' iomhaigh ioma-chultaral na dùthcha; agus tha feum air lìonradh is eòlas rianachail a thabhann mar is fheudar.

9. Inbhe thearainte, reachdail a thoirt gu buil dhan Ghàidhlig an Albainn Nuaidh.

Ma gheibh a' Ghàidhlig inbhe thearainte, theid luach agus creideas coitchionn a chur ris a' chànain agus ris a' chultar. Tha an t-slighe seo fad-ama ach bunaiteach a thaobh nan amasan a chaidh a mhìneachadh.

Toradh na Rian-Iomairt

Chuidich am modh-dealbhaidh ro-innleachdail a rinn Buidheann Stiùiridh Leasachadh na Gàidhlig ann a bhith cruthachadh conaltraidh is co-dhùnaidh eadar a' choimhearsnachd is an riaghaltas mu thimchioll na th'air a ghabhail astigh ann a bhith glèidheadh 's a' leasachadh Gàidhlig an Albainn Nuaidh.Tha am Buidheann Stiùiridh air dùil is rùn is amasan aontachail a chur ri chèile agus air cùmhnant a dheilbh air cho riatanach 's a tha saothair air iomadh raon.

Tha saothair a' Bhuidhinn Stiùiridh air cùisean a dheanamh soilleir 's comharraichte agus air an gluasad air adhart. Chum's gun cinnich leasachadh ro-innleachdail gu gnìomhachas cothromach gun dragh, feumar:

- Cùisean a chumail air ghluasad
- Bualadh an toiseach air beagan phrograman agus sgìrean leasachaidh anns a' mhòr-roinn air eagal's gun teid oidhirpean a lagachadh agus gun teid sgaoileadh thairis air cothrom cuibhrichte an stòrais a tha ri làimh.
- Cumail dìleas ri rian a' phlana ro-innleachdail a tha gabhail asteach meas is rèiteach chunbhalach, a' cur ris na chaidh fhoghlam cheana, agus a' cumail suas na còmpairt eadar coimhearsnachd agus riaghaltas.
- A' taisbeanadh adhartais agus chunntachalachd a thaobh na programan a chur gu buil.
- A' deanamh cinnteach gum bi barrachd buaidh aig sochairean, beachdan agus com-pàirt 'san fharsaingeachd na bhios aig clàran cumhang.

A chum's gun leanar air am plana a chur gu buil, tha Buidheann Stiùiridh Leasachadh na Gàidhlig a' moladh mar seo:

A. Structur is obraichean Buidheann Stiùiridh Leasachadh na Gàidhlig a rèiteach mar a bhios iomchaidh.

Se dreuchd Buidheann Stiùiridh Leasachadh na Gàidhlig liosta phrìomhachasain a dheilbh maille ri planaichean co-eagraichte airson a leithid sin a chur gu buil; a' choimhearsnachd Ghàidhlig a bhrosnachadh chum a bhith gabhail pàirt ann an cùisean ro-innleachdail; cuideachadh a thabhann

ann a bhith lorg cheannardan, chompàirtichean agus luchd taic airson iomairtean sonraichte; a bhith gabhail os làimh chùisean is phrìomhachasain

na mòr-roinne; a bhith cumail sùil air gnìomhachas is adhartas a' phlana agus a bhith craobh-sgaoileadh a' phlana fhèin.

Gnìomhachd:

- Structur a' chòmhlain a leasachadh (e.g. sgiobanan pròiseact, cathraichean, mionaidean) chum na h–obrach a roinn, conaltradh a leasachadh agus a' chùrsa a dheanamh rèidh.
- Na buill làithreach a cheasnachadh fiach a bheil iùidh aca air leantail 'nan dreuchd.
- Cuireadh a thoirt do bhuill ùra bho'n choimhearsnachd do'n Bhuidhinn Stiùiridh agus/ no a cuid sgiobanan pròiseact.
- Sgiobanan pròiseact no bùidhnean obrach a chur ri chèile as leth nan iomadh roinn anns a' phlana.
- Coinneamhan a chur air dòigh-amanan, fiosrachadh, àiteachan, goireasan feumail, luchd-freasdail etc.
- Co-obrachadh le Comhairle na Gàidhlig chum eagrachaidh a' chomainn sin a chur air dòigh mar sgàile air an iomairt air fad.
- Stòras riatanach a thional chum gnìomhachd dhòigheil a' Bhuidhinn Stiùiridh.

Clàr-ama:

Bu chòir a' chùis a thoirt gu crìch cho luath's a ghabhas. Bu chòir dhan Bhuidhinn Stiùiridh a' chiad choinneamh a ghairm an taobh astigh de dha mhìos bho'n àm a theid an aithisg ro-innleachdail seo fhoillseachadh; agus bu chòir dhaibh coinneachadh gu cunbhalach 'na dheidh sin.

B. Planaichean ro-innleachdail choig bhliadhnach a chur air dòigh airson gach aon de na naoi amasan.

Ma tha dùil nam fichead bliadhna ri coilionadh, feumar am plana a bhith air a roinn 'na aonadan choig bhliadhnach; bidh seo chum's gun gabh planaichean mionaideach ro-innleachdail cur ri chèile agus gun gabh adhartas meas mar a theannas a' choimhearsnachd air a dùil. Anns gach plana coig bhliadhnach, bidh programan fo gach aon de na naoi amasan.

Gnìomhachd:

- Na prìomh iomairtean a chomharrachadh ann an aonad choig

bhliadhnach, an taobh astigh de phlana nam fichead bliadhna.

- Sgiobanan pròiseact a chur air bhonn le aon bhall bho'n Bhuidhinn Stiùiridh air gach sgioba. Cuiridh gach sgioba ri chèile cruth-gnìomhachd ro-innleachdail airson a' chiad aonad choig bhliadhnach far am buin sin do'n phlana; leanaidh iad air conaltradh agus air cunntas adhartais a chumail ris a' Bhuidhinn Stiùiridh.
- Ni iad beachdachadh agus crioch a chur air plana choig bhliadhnach a theid fa chomhair na coimhearsnachd anns an ath chuairt de choinneamhan.

Clàr-ama:

Tòiseachadh cho luath 's a ghabhas. Coinneamhan coimhearsnachd a ghairm ann an 2004.

C. Daoine a dheanamh mothachail mu'n phlana ameasg choimhearsnachdan Gàidhlig, sealbhadairean agus chompàrtaichean choltach.

Feumaidh a' Bhuidheann Stiùiridh àrdachadh a dheanamh air tuigse is mothachadh a thaobh an adhartais thuige seo agus a' phròiseas air fad.

Gniòmhachd:

- An sgrìobhainn seo a chur fa chomhair an t-sluaigh troimh'n eadar-lìon.
- Prìomh dhaoine sam bith eile a chomharrachadh a bu chòir fiosrachadh fhaighinn air a' phlana.
- A cho-dhùnadh de'n dòigh as fhearr air daoine ruighinn.
- Stuth conaltraidh a chruthachadh agus a chraobh-sgaoileadh mar a dh'fheumar.
- Làrach-lìn a' phlana a chumail suas.
- Cothroman a shireadh chum daoine dheanamh mothachail agus fiosrach mu'n phlana.
- Leth-bhreacan de'n aithisg seo agus de phaipear-taic nam molaidhean gniomhachd a chur troimh'n phost gu gach neach a bha aig na coinneamhan coimhearsnachd anns an Dàmhair 2002; fios a thoirt do'n mhòr-shluagh gum bi dùil ri sreath eile de choinneamhan coimhearsnachd an 2004.

Clàr-ama:

Tòiseachadh air ball agus cumail air adhart mar a dh'fheumar.

D. Fòr-aman coimhearsnachd a chumail air a' chruth-plana ro-innleachdail an 2004.

Aon uair 's gum bi gnìomhachd chomharraichte air dòigh anns a' phlana, feumar comhairle a' mhòr-shluaigh a ghabhail a rithist ann an sreath eile de choinneamhan coimhearsnachd.

Gniomhachd:

- Plana fòraim is clàran-ionmhais is ama a chur air dòigh.
- An darna sreath de choinneamhan a chlàradh 's a chur air dòigh anns na dearbh choimhearsnachdan san robh iad anns an Dàmhair 2002. Bu chòir gun cuidicheadh na coinneamhan sin le mothachadh a' phlana, le beachdan a sholar agus le taic-choimhearsnachd a dhearbhadh dhan phlana ro-innleachdail.
- Feuchainn ri luchd-cuideachaidh fhasdadh a bha an sàs san obair cheana, chum leantaileachd a chumail suas.
- Na coinneamhan a chur gu feum chum tuilleadh dhaoine thoirt asteach dhan iomairt.

Clàr-ama:

Fòraman ri'n cumail an 2004, aon uair's gum bi planaichean coig-bhliadhnach air dòigh.

Com-pàirteachas Riaghaltas na Mòr-roinn.

Ged a tha gach ìre de'n riaghaltas cudromach, se riaghaltas na mòr-roinn prìomh-chompàirteach a thaobh na h-iomairt seo.

Se dreuchd an riaghaltais, nithean a dheanamh comasach. Mar eiseamplair, a thaobh soighnichean Gàidhlig, ma dh'fhaoidte nach e a' chosgais idir ach atharrachadh polasaidh, an duilghiodas as motha a tha cur dàil anns a' choilionadh. Feumaidh làmh a bhith aig iomadh roinn de'n riaghaltas anns a' chùis, mar tha Turasachd is Cultar, Foghlam, Còmhdhail is Obraichean Poblach agus Leasachadh Eaconomach.[20]

Faodar comasachadh a leudachadh gu iomlaid fiosrachaidh, mar eiseamplair— cuideachadh a thairgse do chomainn a chum programan maoineachaidh a lorg, structaran eagrachaidh freagarrach a dheilbh, no fiosrachadh eile a chur fo'n comhair a iomadh roinn air leth. Bheir comasachadh cuideachd asteach programan com-pàirteach, far an solair a' mhòr-roinn sàr-eòlas Gàidhlig chum foillseachaidhean, pàipearan turusachd, mapaichean, etc. a chuirear gu feum ann an iomairtean na mòr-roinne.

Faodaidh duaisean a com-pàirt mar seo a bhith tàbhachdach do dh'Albainn Nuaidh; mar an ceudna do dhaoine, eaconomaidh agus fèin-luach an t-sluaigh.

Theid planaichean mionaideach, ro-innleachdail agus planaichean pròiseact bhliadhnail a thairgsinn do'n riaghaltas mar a theid an deilbh. Aig an àm seo, seo na tha riatanach:

1. Gealladh taic dhan phlana seo.

2. Gun lean prìomh sgioba na roinne air obrachadh comhla ri Buidheann Stiùiridh Leasachadh na Gàidhlig nan saothair làthaireal.

3. Coinneachadh ri Ministear Roinn na Turasachd, a' Chultair agus an Dualchais agus ri sgioba chubhaidh na roinne agus beachdachadh air stòras is cothroman cuideachaidh a tha ri làimh chum am plana a chur an sàs.

Paipear Taic A—Buill Buidheann Stiùiridh Leasachadh na Gàidhlig.

Ainm	Suidheachadh	Cleamhnachadh
Mairead Pheutanach	Màbu	Comann Gàidhlig is Eachdraidh Mhàbu: Comhairle na Gàidhlig, A.N. Sgoil Dhalbhràighe, Roinn an Fhoghlaim, A.N.(Leasachadh Cùrsa Gàidhlig)
Caroline Chamshron	Màbu	Comhairle na Gàidhlig, A.N. Mac-Talla, neach-deasaiche.
Bernard Camshron	Màbu	Tidsear Gàidhlig, Bord Sgoile Roinneil a'Chaolais.
Rodney Chiasson	Sanndraidh	An Clachan Gàidhealach
Goiridh Dòmhnallach	Gleanndail	Comann Gàidhlig is Eachdraidh a'Bhràighe
Peadar Guildford	Halafags	Roinn na Turasachd, a' Chultair agus an Dualchais
Mairi Sine NicLaomainn	Gleanndail	Comann Gàidhlig is Eachdraidh a'Bhràighe
Ealasaid Lord	Glaschu Ùr	Fèis a'Bhaile Bhig
Seumas Dòmhnallach	Ainteaganais	An Roinn Cheilteach, Oilthigh an Naoimh Fransaidh Xavier: Fear-Stiùiridh, A.C.G.A
Dawn Nic Dhòmhnaill 'ic Ill'Iosa	Sanndraidh	Tidsear Gàidhlig, Sgoil Mhic Raing
Frangag Nic Eachainn	Bail' na Bànrighinn	Roinn na Turasachd, a' Chultair agus an Dualchais
Ailis Nic Coinnich	Eilean na Nollaig	Fèis an Eilein
Lodaidh MacFhionghuin	Dartmouth	Comhairle na Gàidhlig, A.N.
Ailean Mac a'Mhaighstir	Halafags	Ball Coimhearsnachd
Eachann MacNèill	Sidni	Colaisd-Oilthigh Cheap Breatainn: Colaisde na Gàidhlig; Comhairle na Gàidhlig, A.N.
Trueman MacMhathain	Ainteaganais	Siol, Iomairtean Cultural: Comhairle na Gàidhlig, A.N.
Eòs Murphy	Dartmouth	Oilthigh an Naoimh Moire
Daibhidh Newlands	Dartmouth	Stiùiriche Gniomh, Roinn an Dualchais, Roinn Turasachd is Cultuir, A.N. (air cluainidh)
Coinneach Nilsen	Ainteaganais	An Roinn Cheilteach, Oilthigh an Naoimh Fransaidh Xavier.
Catriona Parsons	Ainteaganais	An Roinn Cheilteach, Oilthigh an Naoimh Fransaidh Xavier; Comhairle na Gàidhlig, A.N.
Oighrig Nic Raing	Màbu	Comunn Gàidhlig is Eachdraidh Mhàbu
Seumas Watson	Bail'na Bànrighinn	An Clachan Gàidhealach: Am Bràighe
Mairead Nic Uilleim	Drochaid Mòrag	Fèis an Eilein, An Clachan Gàidhealach

Paipear-Taic B—Ainmeachadh

1. Gàidhlig an Albainn Nuaidh, Rannsachadh Eaconomach, Cultaral agus Sòisealta, an t-Ollamh Mìcheal Ceannadach. Aithisg Chùradaireachd 97, Tigh-tasgaidh Albainn Nuaidh. An Dàmhair, 2002. d.1, agus 267 airson buadhan meudachaidh.

2. A'leasachadh Polasaidh agus Plana do dh'Albainn Nuaidh, Paipear Deasbaid.Buidheann Stiùiridh na Gàidhlig, Sanndraidh, A.N. An t-Sultuin, 2002, d.4.

3. Gàidhlig an Albainn Nuaidh. d. 279

4. Gàidhlig an Albainn Nuaidh. d. 280, 281

5. Gàidhlig an Albainn Nuaidh. d. 283, 284

6. Ibid.

7. Gàidhlig an Albainn Nuaidh. d. 280

8. Polasaidh Chultural Albainn Nuaidh. d. 2
http://www.gov.ns.ca/dtc/pubs/cultural policy.pdf

9. Ibid.

10. Cànan, Beòthalachd is Cunnart, UNESCO. Aonad an Dualchais Dhìomhair, Buidheann Ealanta ad hoc air Cànanan an Cunnart, Paris, 31 Am Màrt, 2003

11. Gàidhlig an Albainn Nuaidh. d.275-280

12. Conaltradh Coimhearsnachd air Gàidhlig san àm ri teachd an Albainn Nuaidh; Aithisg Toraidhean nan Coinneamhan Coimhearsnachd san t-Samhain 2002. Iain Uisdean MacIomhair. An Dubhlachd, 2002. Maille ri tagradh sgrìobhta (litir) bho Wendy Bergfeldt, CBC Ceap Breatainn, an t-Samhain 26, 2002.

13. Gàidhlig an Albainn Nuaidh. d.291

14. Conaltradh Coimhearsnachd, d.6

15. Ibid.

16. A'leasachadh Polasaidh is Plana. d.4

17. Gàidhlig an Albainn Nuaidh. d.35

18. Gàidhlig an Albainn Nuaidh. d.63, 64

19. Gàidhlig an Albainn Nuaidh. d.10-114

20. Conaltradh Coimhearsnachd. d.6